

Dandelion Opportunities

Dealbh Obrach

Riochdaire Cruthachail Fàsmhor

x 10 dreuchdan air feadh na h-Alba

Da n Deilinn

Dealbh-obrach agus cumhachan-cosnaidh	3
Mu dheidhinn Beàrnan-Bride	3
Prògram Beàrnan-Bride agus Luchd Com-pàirt	4
Sgioba Beàrnan-Bride	5
Luachan Beàrnan-Bride	6
Geàrr-chunntas na dreuchd	6
Prìomh-dhleasdanas	7
Cunntas-obrach	8
Clàr-ama Fastaidh	9
Ion-ghabhaltas, iomadachd, co-ionnannachd agus cothromachd	9
Mar a chuireas tu mu dheidhinn	10

Dealbh-Obraich / Cumhachan-Fastaidh

Aim na dreuchd: Riochdaire Cruthachail Fàs-mhor (x 10 dreuchdan rim faighinn)

A' freagairt air: Thèid gach Riochdair Cruthachail Fàs-mhor fhastadh le Buidheann Com-pàirt eadar-dhealaichte de Bheàrnan-Brìde is bidh e/i a' freagairt oirre. Faic an roinn 'Mar a chuireas tu mu dheidhinn' gu h-ìseal airson tuilleadh fiosrachaidh.

Uairean: Làn-ùine (35 uairean a thìde san t-seachdain)
Nam measg àm feasgair is an deireadh-seachdain nuair a tha feum air

Fad: S e cùmhnant stèidhichte fad 10 mìosan a tha seo bho 1 den Fhaoilleach gu 31 den Damhair 2022.

Àite: Air feadh na h-Alba. Faic an roinn 'Mar a chuireas tu mu dheidhinn' airson gach àite air leth.

Tuarastal: £24,000 sa bhliadhna
£20,000 de thuarastal airson a' chùmhnaint 10 mìosan làn-ùine a tha seo

Làithean-saora: 21 làithean agus 8 làithean-saora poblach fad na h-ama 10 mìosan a tha seo

Peinnean: Thèid do chlàradh sa bhàd ann an sgeime peinnein. Bheir thusa seachad cuid sa cheud dhe do thuarastal agus bheir an neach-fastaidh agad seachad cuid. Faodaidh seo atharrachadh rud beag bho bhuidhinn compàirt gu buidheann compàirt eile.

MU DHEIDHINN BEÀRNAN-BRÌDE

'S e prògram adhartach cruthachail a tha ann am Beàrnan-Brìde a' sealltainn cumhachd co-ghnìomh ann an iomairt shònraichte 'fàs do chuid fhèin' airson an latha a tha ann.

Air a choimiseanadh le TachartasAlba agus air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, 's e cuid na h-Alba de Gun Phasgadh – Tionnsgalachd san R.A.

Freumhaichte ann an Alba, le feallsanachd eadar-nàiseanta agus seasmhachd na chridhe, leanaidh prògram a' Bheàrnain-Brìde bogha seusan an fhàis bhon Ghiblean chun na Sultaine 2022, agus crìochnaichidh e sna ceudan de dh'Fhèilltean Foghair air feadh na h-Alba.

Ga bhrosnachadh leis an smuain 'Cuir, Fàs, Roinn' – chan e biadh a-mhàin ach beachdan, ceòl, eòlas agus coimhearsnachd – tha Beàrnan-Brìde a' gabhail mu fhàs

sa choimhearsnachd ann an dòigh air leth, a' toirt còmhla luchd-ealain, luchd-dèanaimh, eòlaichean, luchd-cluiche agus teicneòlaichean airson tachartasan agus prògraman a chur an cèill air feadh na h-Alba – bho na h-eileanan as iomallaiche gu meadhan na bailtean mòra aice – agus cuideachd air loidhne tro fhilmichean agus tro ghnìomhan digiteach.

Air fhilleadh air feadh Beàrnan-Brìde tha gealltanais an comas a thoirt don òigridh a mhisnicheas luchd-ealain, luchd-coiteachaidh, eòlaichean, riochdairean cruthachail an àm ri teachd is a tha ag amas air am Foghar ath-stèidheachadh mar fhèill chudromach bhliadhnail chultarach don a h-uile duine.

Leughaidh tuilleadh mu Bheàrnan-Brìde agus an sgioba na lùib aig www.dandelion.scot

PRÒGRAM BEÀRNAN-BRÌDE AGUS A LUCHD-COM-PÀIRT

Tha Beàrnan-Bride a' toirt seachad ceudan de mhiltean de shìol is de phlantraisean aig tachartasan **An Asgaidh do na h-Uile** ann am bailtean beag is mòr air feadh na h-Alba gus an urrainn don a h-uile duine feuchainn ri rudeigin fhàs.

Co-dhiù tha thu mion-eòlach air fàs no a' tòiseachadh às ùr, faodaidh tu bhith nad phàirt de Bheàrnan-Bride. Bho stairsnichean is balconaidhean, ann am poitean-lus poitean-peant no ge b' e dè eile as urrainn dhut ath-chleachdadh is a chur gu feum às ùr – mar as neònaiche, 's ann as fheàrr! Aig deireadh seusan an fhàis, tha sinn a' toirt cuireadh don a h-uile duine na tha iad air fàs a dheasachadh is a roinn aig **Fèill an Fhoghair** as fhaisge orra.

Tha dà fhèill ann an Glaschu is ann an Inbhir Nis aig gach ceann den t-samhradh

(tè san Òg-mhìos is an tè eile san t-Sultain) le ceòl beò, clàr-bìdh de bhiadh air fàs san àite fhèin, òraidean agus tòrr phlantraisean is siol an asgaidh rin toirt dhachaigh leis a h-uile duine. Aig cridhe gach tachartais bidh **Pàilleanan de Sholais Shìorraidh** – ann an teis-meadhan a' ghnòthaich is tuathanas de 10m a dh'àirde a' coinneachadh ri leibheann-ealain is àrd-ùrlair consairt. A bharrachd air a bhith air cùlaibh ceòl is cluich beò Albannach is eadar-nàiseanta, craolaidh an leibheann ceòl air òrdanachadh a dh'aon ghnòthaich airson Beàrnan-Bride. 'S e ceòl, fearas-chuideachd, biadh, beachdan is ionnsachadh a tha ann don a h-uile duine!

Tha Beàrnan-Bride ag obair còmhla ri Cùm Alba Bòidheach agus Colaiste Dhùthchail na h-Alba (CDA) gus prògram com-pàirt a leasachadh do 500 sgoil is 100,000 sgoilear air feadh Alba. Thèid dà chiùb-fàis a thoirt do 100 àrd-sgoil an urra – meanbh-thuathanas àrd – agus gabhaidh 400 bun-sgoil com-pàirt ann an Deuchainn Mhòr a' Bhuntàta. Thig coimhearsnachdan còmhla airson Fèilltean Foghair ann an gàraidhean-sgoile air feadh na dùthcha.

A bharrachd air seo uile, aig cridhe Beàrnan-Bride tha gealltanais gun sgap sinn an tasgadh iongantach seo air feadh na h-Alba agus gun oibrich sinn ann an co-bhonn ri coimhearsnachdan, ri luchd-ealain, ri luchd-fàis is ri comainn airson **Gàraidhean ris nach biodh Dùil** a chruthachadh. Tha Beàrnan-Bride ag obair ann an com-pàirt ri:

- Alchemy Film & Arts
- Cove Park
- Edinburgh Agroecology Cooperative (Lauriston Farm)
- Fèis Rois
- Findhorn Bay Arts
- Lyth Arts Centre
- RIG Arts
- Taigh Chearsabhagh
- The Leven Programme
- The Stove

SGIоба BEÀRNAN-BRÌDE

Tha a' chiad sgioba aig Beàrnan-Brìde, a dh'oibrich còmhla airson am pròiseact a leasachadh rè àm dian rannsachaidh is leasachaidh aig deireadh 2020 agus toiseach 2021, na cho-obair eadar eagraichean fèise, oibrichean air an ceann fhèin, luchd-stiùiridh cultarach, eòlaichean teignigeach is toraidh tionnsgalach, luchd-saidheans talmhainn iomraiteach agus eòlaichean a' sònrachadh ann an seasmhachd, is compàirt òigridh is coimhearsnachd.

Air an tarraing mar a tha iad bho raon farsaing chomainn is eòlais shònraichte bho air feadh na dùthcha, fhuair an sgioba lèirsinn choitcheann gus an t-atharrachadh bunaiteach ann an comannachd a thòiseachadh is a chumail a tha a dhìth air daoine an ceann còrr is bliadhna de dh'aonarachd shòisealta. a common vision to initiate and support the genuine societal change people crave after more than a year of social isolation.

Am measg buill an sgioba tha:

Aproxima Arts

Angus Farquhar

BEMIS Scotland

Tanveer Parnez

Celtic Connections

Donald Shaw

Fèis Rois

Fiona Dalgetty

Eòlaiche air a ceann fhèin

air co-ionannachd is
luachaidh:

Caroline Thompson

getMade Design

James Johnson

James Hutton Institute

Nicola Strachan

Fear-ciùil is Croitear:

Pàdruig Morrison

Colaiste Dùthchail na h-Alba (SRUC):

Fiona Burnett

Sustrans

Cosmo Blake

Wraptheworld

Neil Butler

Chaidh innleachd a dh'aon ghnòthaich a chur air chois airson am pròiseact a thoirt gu buil agus tha sinn an-dràsta fhèin a' meudachadh ar sgioba gus cuideachadh leis a' phròiseact adhartach seo a chur an gnìomh.

Thèid a' chompanaidh ùr a riaghladh le Bòrd Luchd-stiùiridh saor-thoileach le Màrtainn Booth, Àrd-stiùriche Ionmhais Comhairle Baile Glaschu sa chathair.

A bharrachd air Bòrd an Luchd-stiùraidh, cluichidh Còmhdhail IDEA (Ion-ghabhaltas, iomadachd, co-ionannachd agus cothromachd) pàirt chudromach ann a bhith a' cuideachadh le obair Beàrnan-Brìde a stiùireadh.

Tha naoi dreuchdan pàighte aig Còmhdhail IDEA do luchd-obrach air an ceann fhèin le eòlas freagarrach agus dhan fheadhainn aig a bheil eòlas proifeiseanta a fhuaras tro obair le buidhnean com-pàirt gus:

- Beachd a thoirt air prògram Beàrnan-Brìde airson dèanamh cinnteach gun ruigear e is gu bheil e na sgàthan air eugsamhlachd a' mhòr-shluaigh againn.
- Conaltradh ris an luchd-obrach agus ris a' Bhòrd airson prìomh chùisean is cothroman IDEA a thaghadh is a ghabhail os làimh
- Eòlas is caochladh bharailean a thoirt a-steach airson buaidh a thoirt air poileasaidhean is obair
- Taic a chumail ri leasachadh chom-pàirtean is lionraidhean ùra
- Pàirt a ghabhail ann an sgrùdadh na h-obrach mu choinneimh toradh IDEA

LUACHAN BEÀRNAN-BRÌDE

Tha sinn air còig bun-luachan rianachd a thaghadh:

Co-obrachadh

tha spèis againn do chèile agus tha sinn a' sireadh àrainn fhosgailte, onarach, choibhneil a tha modhail, tairbheach is tlachdmhor;

Ion-ghabhaltas

tha sinn a' feuchainn ris na h-uile a thoirt a-steach ann an dòigh cho-ionnann agus ag aithneachadh gu bheil ar diofaran gar fàgail nas làidire;

Aire

tha sinn a' cruthachadh thachartasan is fhaireachaidhean a shaidhbhricheas is dh'oidicheas beatha ar luchd-èisteachd tro bhith an làthair còmhla;

Nuadhachas

tha sinn ann airson dùbhlann a thoirt do chuingealan, beachdan ùra a lorg is fàilte a chur orra, smaointean is dòighean ùra a bhith sa h-uile rud a nì sinn;

Treibhdhireas

bidh sinn a' coileanadh ar n-amasan gun a bhith a' lagachadh ar dealais airson onair agus treibhdhireas tro ar n-obair.

GEÀRR-CHUNNTAS NA DREUCHD

Le taic bho phrìomh-sgioba Beàrnan-Brìde, bidh gach riochdair cruthachail fàsmhor ag obair còmhla ri Buidhnean Com-pàirteachaidh Beàrnan-Brìde airson conaltradh ri daoine ann an coimhearsnachdan ionadail leis na h-àiteachan ùra 'Garaidhean ris nach biodh Dùil'. An lùib seo bidh dealbhadh is cur an gnìomh prògram cruthachail a mhaireas bhon Ghiblean 2022 agus a chrìochnaicheas le Fèill an Fhoghair air 10 Sultain 2022.

PRÌOMH-OBair IS -dhLEASdanas

- Leasachadh is cur an gnìomh prògram cruthachail an co-bhoinn le coimhearsnachdan ionadail ann agus mun cuairt air na Gàraidhean ris nach biodh Dùil, na mheasg a bhith cur air dòigh tachartas Fèill an Fhoghair san t-Sultain 2022.
- A' rannsachadh bheachdan is chùisean a thaobh fàs, èiginn na gnàth-shìde agus cultar a tha cudromach do dhaoine a tha a' fuireach sna coimhearsnachdan sa bheil thu ag obair.
- Ag obair còmhla ris a' bhuidhinn-fhastaidh agad, gus buidsead prògram cruthachail a' Ghàraidh ris nach biodh Dùil a làimhseachadh.
- Ag obair còmhla ri sgioba fharsaing Beàrnan-Brìde gus dèanamh cinnteach gu bheil cead, àrachas is measadh cunnairt freagarrach dèante aig na gnìomhan agad air fad.
- A bhith feòrachail is inntinneach ann an rudan ùra ionnsachadh agus do sgilean a leasachadh le bhith a' gabhail pàirt ann an cothroman oideachaidh a tha gan tabhann le Beàrnan-Brìde is leis a' bhuidheann-fhastaidh agad.
- A' gabhail làn-phàirt ann an lìonradh nàiseanta riochdairean cruthachail fàs-mhor Beàrnan-Brìde.
- A' co-obrachadh còmhla ri Neach-ciùil Còmhnaidh Beàrnan-Brìde agus oileanaich CDA a chuireas seachad 10 seachdainean air greis gnìomhachais phàighte aig Beàrnan-Brìde tro iomairt Arm a' Bhuntàta.
- Far a bheil e iomchaidh, a' dèanamh cheanglaichean eadar an obair a tha thu fhèin a' leasachadh sa choimhearsnachd agus an obair a tha a' dol tro Iomairt Fàs Sgoiltean Beàrnan-Brìde ann an sgoiltean ionadail.

CUNNTAS-OBRACH

Sgilean agus Eòlas

Bidh nas lugha na còig bliadhna de dh'eòlas obrach agad air tachartasan a chur air dòigh. Tha na cothroman seo fosgailte do riochdairean cruthachail fàs-mhor de dh'aois sam bith.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a h-uile seòrsa eòlas obrach luachmhor agus gu bheil sgilean feumail a fhuaras roimhe a ghabhas cleachdadh, mar sin feuch gun innis thu dhuinn mun eachdraidh obrach agad agus mu na sgilean as urrainn dhut a thoirt do Bheàrnan-Brìde.

Tha e riatanach gu bheil na leanas aig a h-uile Riochdaire Cruthachail Fàs-mhor:

- Eòlas air a bhith ag obair còmhla ri luchd-ealain
- Eòlas air pròiseact no prògram a chruthachadh is a leasachadh bhon t-sìol an toiseach chun an toraidh, le eòlas dearbhte air beachdan cruthachail a dhealbhadh is a thoirt gu buil.
- Comas air dàimh a dhèanamh ri coimhearsnachdan, co-oibrichean, com-pàirtichean a-muigh agus luchd-com-pàirt eile.
- An comas air prìomhachasan diofaraichte a làimhseachadh agus a bhith ag obair a dh'ionnsaidh ceann-là teann
- Deagh sgilean conaltraidh
- Sgileanan math coimpiutaireachd

Nithear toileachas air leth ri iarrtasan bho Ghàidheil airson nan dreuchdan aig Fèis Rois agus Taigh Chearsabhaigh.

Feartan Pearsanta

Tha sinn a' sireadh dhaoine a tha:

- Fosgailte conaltrach
- Fosgarra dàimheil
- Farraideach cruthachail
- Innleachdach iol-dànach
- Co-obrachail ann an sgioba

CLÀR AN TRUSAIDH

1 den t-Samhain

Iarrtasan fosgailte

22 den t-Samhain

Ceann-latha iarrtasan aig meadhan-là

Ro 26 den t-Samhain

Fios aig gach tagraiche an deach no nach deach an taghadh gu agallamh

29 den t-Samhain –

3 den Dùbhlachd

Agallamhan a' tachairt

Ro 8 Dùbhlachd

Gheibh gach tagraiche a fhuair agallamh fios air mar a chaidh don iarrtas aige/aice is thèid fios a thabhann air mar a chaidh dha/dhi

Bho Dhiluain 3 den Fhaoilleach

Tòisichidh a h-uile Riochdaire Cruthachail air obair an dèidh dha aontachadh an latha tòiseachaidh leis a' bhuidhinn fhastaidh aige

ION-ghabhaltas, Iomadachd, CO-IONNANNACHD AGUS COthROMACHD

Tha sgioba Beàrnan-Brìde a' dèanamh a dhìchill gus àrainn chàirdeil bhlàth a chur air dòigh far a bheil a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil spèis is meas air. 'S e buidheann fhosgailte a tha annainn agus tha sinn a' creidsinn gum bi ar n-obair nas làidire le eugsamhlachd nas motha agus, mar sin, nì sinn toileachas ri iarrtasan bhon fheadhainn a nì diofar don sgioba againn. Cuide ri Bòrd an Luchd-stiùiridh againn, tha Còmhdhail IDEA aig Beàrnan-Brìde gus ar n-obair a cheasnachadh is a stiùireadh.

Leugh tuilleadh mu na buill aig

<https://dandelion.scot/about/team>.

Tha sinne a' cur fàilte air an duine iomlan don obair agus tuigseach gu bheil a h-uile duine againn a' toirt leinn ar n-eòlas, ar n-eachdraidh, is ar sealladh fhèin do na nì sinn. Tha sinn a' brosnachadh iarrtasan bho dhaoine de gach eachdraidh agus bidh fàilte air leth air an

fheadhainn nach eil air an riochdachadh san roinn seo, nam measg iad sin bho shinnsreachd dhubh is beag-chuid, tagraichean ciorramach, LGBTQI++ agus/no iad sin bho theaghlachan bochda no feumach air uairean-obrach fuasgailte.

Gheibh a h-uile tagraiche dubh, Àisianach is bho chinneach mheasgaichte agus/no B/bodhar no ciorramach a fhreagras air feumalachdan riatanach a' chunntais-obrach agallamh le cinnt. Ma thèid do thaghadh gu agallamh, iarraidh sinn ort innse dhuinn a bheil feumalachd inntigidh agad no am bi feum agad air atharrachadh reusanta ris an agallamh no ris a' mheasadh (ma dh'fheumar) aig ìre sam bith de dh'àm an trusaidh is an taghaidh.

Ma tha ceistean agad mun àrainn obrach againn, feuch gun cuir thu fios thugainn.

Mar a Chuirear mu dhèidhinn

Feuch gun cuir thu iarrtas ann an riochd a fhreagras ort fhèin. Dh'fhaodadh seo a bhith sgrìobhte (*aig a' char as motha 2 x taobh A4 airson litir*) no le bhith a' cur clàradh fuaim no bhidio thugainn (*10 mionaidean a dh'fhaid aig a' char as motha*)

Bu toigh leinn gun innseadh tu dhuinn carson a tha an cothrom seo a' còrdadh riut agus na b' urrainn dhut toirt do Bheàrnan-Bride. Tha sinn ag iarraidh ort an t-iarrtas a chur gu dìreach chun na Buidhne Com-pàirtiche aig Beàrnan-Bride anns a bheil ùidh agad a bhith ag obair. Thathar an dùil gum bi thu a' fuireach sa choimhearsnachd anns a bheil a' bhuidheann stèidhichte.

Coimhead air a' chlàr gu h-ìseal airson fiosrachadh air co thuige a bu chòir dhut d' iarrtas a chur anns gach buidheann:

Buidheann	Neach-conaltradh	Post-d. airson tagradh a chur thuige	Far as coltaiche a ghabhas an obair àite
Alchemy Film & Arts	Rachael Disbury	rachael@alchemyfilmandarts.org.uk	Hamhaig
Cove Park	Alexia Holt	alexia@covepark.org	Còbh, Baile Eilidh
Edinburgh Agroecology Cooperative	Toni Dickson	toni@lauristonfarm.org	Iar-thuath Dhùn Èideann
Fèis Rois	Fiona Dalgetty	fiona.dalgetty@feisrois.org	Inbhir Ghòrdain
Findhorn Bay Arts	Kresanna Aigner	director@findhornbayarts.com	Farrais
Lyth Arts Centre	Charlotte Mountford	charlotte@lytharts.org.uk	Inbhir Ùige
RIG Arts	Karen Orr	karen@rigarts.org	Grianaig
Taigh Chearsabhaigh	Simon Hart	simon@taigh-chearsabhaigh.org	Uibhist a Tuath
The Leven Programme	Pauline Silverman	Pauline.silverman@sepa.org.uk	Inbhir Lìomhainn
The Stove	Matt Baker	matt@thestove.org	Stròn Reamhar

Feuch gun cuir thu d' iarrtas a-steach aig a' char as fhaide ro mheadhan-latha 22 den t-Samhain 2021.

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri Sàr-PVG a lìonadh le Disclosure Scotland.

Feuch gun lìon thu am foirm-sgrùdaidh co-ionannachd seo air-loidhne: www.dandelion.scot/inclusion-form

Chan iarr sinn teisteanasan-clìù ach air tagraichean a tha soirbheachail.

Thèid am fiosrachadh a bheir thu dhuinn san iarrtas agad agus le bhith a' lìonadh an fhoirm-sgrùdaidh co-ionannachd a chumail gu sàbhailte agus fanaidh e falaichte. Cha chum sinn seo no fios pearsanta sam bith eile seachad air àm an trusaidh seach ann a bhith a' cleachdadh fiosrachadh gun ainm airson adhbharan sgrùdaidh is aithrisean.